

The Free Presbyterian Magazine

An Earrann Ghàidhlig

Thug thu bratach dhaibhsan don eagal thu,
gu bhith air a togail suas air sgàth na fìrinn Salm 60:4

SAMHRADH 2016

A-mach no a-steach?

A bheil an Rìoghachd Aonaichte a' dol a dh'fhuireach san Aonadh Eòrpach no nach eil? 'S e sin a' cheist mhòr phoilitigeach a tha far comhair san taghadh aig deireadh an Ògmhios. Ged nach urrainn dhuinn ag ràdh gu bheil cumhachd a' Phàip buileach cho làidir 's a bha e uaireigin san Roinn Eòrpa, tha a' phàpanachd gu math daingeann fhathast ann an iomadach dòigh.

Ach tha Breatainn fhèin air a dhol cho fada air ais a thaobh creideimh is moraltachd bhon àm a chaidh sinn a-staigh don *EEC* (mar a bha e air ainmeachadh an uair sin) is nach eil luchd-riaghlaidh no a' mhòr-shluagh fhèin a' toirt spèis sam bith do nithean spioradail nuair a bhruidhneas iad air a' chuspair chudromach a tha an seo. Chan eil sinn ag ràdh gum faicear mòran eadar-dhealachaidh ma thig sinn a-mach às an EU a thaobh adhbhar Dhè gus an tig dòrtadh a-mach den

Spiorad Naomh.

Ach cha chreid sinn aig an aon àm nach eil rùn aig Phròsdanach sam bith a tha dileas do Chrìosd agus a tha ag iarraidh buannachadh is beannachadh ar dùthcha, gun cuireadh Breatainn cùl ris an *Treaty of Rome* air an robh an t-Aonadh Eòrpach air a stèidheachadh bho thùs. Chan eil còir aig dùthaich Phròsdanach a bhith ann an aonadh idir le dùthchannan Pàpanach (Iosua 23:3-10), gu sònraichte mas e 's gur h-iadsan a tha ag innse dhuinn gu dè na laghannan is riaghailtean a dh'fheumas a bhith againn. Ach nan toireadh ar luchd-riaghlaidh spèis do naomh-reachd Dhè agus soisgeul Chrìosd, cha bhiomaid a' cur feum air dùthchannan na Roinn Eòrpa airson ar saidhbhreis 's ar teachd-an-tìr.

Glòir Chrann-Ceusaidh Chrìosd

Leis an Urr. Iain MacLabhrainn (1693-1754)

Ach nar leigeadh Dia gun dèanainn-sa uaill ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Ìosa Crìosd, tre a bheil an saoghal air a cheusadh dhòmhsa, agus mise don t-saoghal" (Galatianaich 6:14).

Chan eil dà nì nas calg-dhìriche an aghaidh a chèile na glòir agus masladh. Ach an seo tha an t-Abstol gan aonadh ri chèile. Tha an crann-ceusaidh ann fèin na chuspair a tha làn de mhasladh; ach anns a' chùis seo, tha e, ann am beachd an Abstoil, làn de ghloir. Cha bhiodh e cho comharraichte nan abradh e gun robh e a' dèanamh uaill ann an àrdachadh 'Fhir-saoraidh an dèidh Dha an saoghal fhàgail – no anns a' ghloir a

bh' aige maille ris an Athair mun robh an saoghal ann. Ach is e am Fear-saoraidh e fèin cuspair uaille an Abstoil – chan ann amhàin anns an staid a b' àirde da onair agus da inbhe – ach eadhon anns na suidheachaidhean a b' ìsle da mhasladh agus da dhìblidheachd – chan ann mar Shlànaighear cumhachdach agus àrdaichte, ach mar Shlànaighear air a dhìteadh agus air a cheusadh.

Is e a bhith dèanamh uaille à cuspair sam bith, a bhith a' cur an urraim as àirde air. Bha crann-ceusaidh Chrìosd àrd-urramach am beachd an Abstoil thar gach cuspair eile. B' e a thlachd a bhith a' gabhail fàth air gach cothrom gu bhith ag aideachadh agus a' taisbeanadh am fianais an t-saoghail an àrd-mheas' a bh' aige air. Bha a chridhe agus aignidhean air an lìonadh leis gus nach robh rùm air fhàgail annta do nì sam bith eile; agus tha e ag innse dhuinn ann an àitibh eile, “gun do mheas e na h-uile nithean nan call agus nan aolach” (Phil.3.8), agus gun do chuir e roimhe nach gabhadh e eòlas air nì air bith nam measg ach air Ìosa Crìosd, agus Esan air a cheusadh (1 Cor. 2:2).

Tha dealas agus dian-dhùrachd chomharraichte anns a' chainnt sa bheil an t-Abstol a' taisbeanadh a mheas' air a' chuspair seo. “Nar leigeadh Dia”, air neo, nan tachradh e air achd sam bith, mar gun abradh e, nar leigeadh Dia, ciod air bith a nì daoine eile, gum biodh e air a ràdh dom thaobh-sa, Pòl, a bha aon uair nam fhear geur-leanmhainn, gun dèanainn-sa uaille à nì sam bith ach ann am Fear-saoraidh air a

cheusadh, a spìon mise mar aithinne às an teine nuair a bha mise a' dian-ruith na b' fhaide agus na b' fhaide uaithe; a bha gam ruagadh le thròcair agus le choibhneas, nuair a bha mise ga ruagadh-san na bhuill le ain-iochd agus le gairge. Rinn mise e tre aineolas agus is ann a-mhàin tre aineolas a tha neach sam bith ga dhimeas. Ach, a-nis, dh'fhoillsich Se E fhèin dhomh. Agus nar leigeadh Dia gun tèid an solas a choinnich mi air an t-slighe gu Damascas a smàladh gu bràth às m' inntinn. Bu sholas e làn de ghlòir; bha an cuspair a thaisbein e dhòmhsa uile-gu-lèir glòrmhor – na uile anns na h-uile. Agus nar leigeadh Dia gun dèanainn-sa uail ann an nì sam bith eile.

Mar bha mòr-mheas aige air a' chuspair glòrmhor seo, bha buaidh aig' air da rèir, oir leis a' chuspair seo, bha an saoghal air a cheusadh dha, agus esan air a cheusadh don t-saoghal. Is e bh' ann ceusadh taobh air thaobh. Is e am meas a bh' aige air Crìosd cion-fàth an dìmeis a bh' aig an t-saoghal airsan, agus aigesan air an t-saoghal. Chan e gun tug an crann-ceusaidh e gu bhith a' fuathachadh muinntir an t-saoghail, no gu bhith a' cur cùl ri thoil-inntinnean laghail. Is ann a cheadaich e dha na toil-inntinnean ud a mhealtainn, agus dh'èignich e esan gu daoine an t-saoghail a ghràdhachadh. Ach cheus e annsan na truaididheachdan a tha a' gintinn fuath dar coimhearsnaich, agus gar fàgail neo-chomasach air taitneasan an t-saoghail a shàr-mhealtainn. Is e theirear ris an nì seo, gleac, cogadh, cathachadh agus marbhadh, a chionn gur còir dhuinn am peacadh a mheas mar ar nàmhaid as motha; an nàmhaid

as motha th' aig ar n-anamaibh agus a th' aig Slànaighear ar n-anamaibh. B' e siud beachd an Abstoil mun pheacadh, agus mun truaillidheachd a th' anns an t-saoghal tre ana-miann (2 Pead. 1:4). Bha e a' sealltainn air a' pheacadh mar mhortair a Shlànaigheir; nì a las na chridhe ceart-dhìoghaltas na aghaidh; lìon siud e leis na deòthasan naomh an aghaidh a pheacaidh, a th' air an ainmeachadh leis fhèin mar thoraidhean nàdarra air creideamh agus aithreachas: "ro-dhiomb, eagal, dian-thogradh agus togradh dìoghaltais." Is e sin, dearbh-ghràin don pheacadh, maille ri faire chùramach na aghaidh (2 Cor. 7:11).

Is e seo a tha an t-Abstol a' ciallachadh le ceusadh an t-saoghail. Is e as brìgh don chainnt seo gur h-e gràdh neo-mheasarra do nithibh talmhaidh aon de mhàthraichean-adhbhair a' pheacaidh. Rinn crann-ceusaidh Chrìosd a leithid a dh'atharrachadh gràs-mhor air aignidhean an Abstoil 's nach robh a-nis an saoghal dhàsan na nì a bha e do mhuinntir eile, agus a bha e aon uair dha fhèin. Bha 'anam sgìth dha ghreadhnachas agus chaill e a bhlas do na nithibh a bu mhotha anns robh de thlachd aige roimhe. Bha urram an t-saoghail suarach na bheachd, a shaidhbhreas na bhochdainn; agus a shòlasan dèistinneach. Cha robh 'fhàbharan no 'eisimpleirean a-nis nan cuspairean-tàlaidh dha, nì mò bha 'fhuath na chulaidh-eagail dha. Bha e a' sealltainn air gràdh agus air fuath dhaoine, cha b' ann gu sònraichte ann an solas na buaidh' a bhiodh aca airsan ach orra fhèin, anns an tomhas sam faodadh iad a bhith ag adhartachadh no a' cur

bacaidh air soirbheachadh a theagasg nam measg. Faodaidh na nithean seo uile a bhith air am filleadh a-staigh ann an ceusadh an t-saoghail a th' air ainmeachadh anns a' phàirt mu dheireadh den rann.

Litrichean Alasdair Gair

Litir air a sgrìobhadh le Alasdair (Sandaidh) Gair gu caraid. Air a lorg 's air a h-eadar-theangachadh gu Gàidhlig le dithis ann an Liùrbost. Tha e gu math coltach gur ann a dh'ionnsaigh Eòsaiph MhicAoidh a chaidh an litir seo a sgrìobhadh.

A bhràthair ionmhainn,

Tha Solamh ag ràdh gura h-ann on Tighearna a tha deasachadh a' chrìdh' anns an duine; agus feumaidh mi ràdh gu bheil e na dhleastanas orm gabhail ris a' chothrom seo a chum freagairt a sgrìobhadh gu bràthair a th' air a shàrachadh fo shlat chruaidh an Athar, a' toirt bhuaithe iad sin a bhuineadh dha, 's iad ann an lathaichean tlachdmhor an òige. Bha seo air leth brònach do na pàrantan agus do na h-uile a bha eòlach air mar a bha iad gan giùlan fhèin ann an dòigh cho cubhaidh is modhail. Chan eil rathad nach eil seo a' cur ri do bhàsmhorachd agus rid chofhurtachd fhèin, agus fios agad gun robh am bàs aca air a naomhachadh lem beatha. A-nis, Eòsaiph chòir, thoir an aire gun "tìgeadh iomadh àmhghar geur air sluagh-co-cheangail Dhè mar dhaoine agus mar theaghlaichean – bha am bròn ann an taigh Dhaibhidh fhèin." Air an taobh a-muigh, tha de dh'àmhgharan a tha buailteach

tachairt do dhiofar seòrsa dhaoine – chan urrainn teaghlach diadhaidh a bhith na theaghlach truagh, ach faodaidh e a bhith na theaghlach a tha ri bròn.” Tha creideamh gar cumail on fheirg, ach cha bhi e gar cumail o shlat Dhè – an lùib a’ chùmhnaidh tha an crann (ceusaidh) ach chan eil a’ mhallachd idir na chois.

Tha mi ann an slighe gu math cumhang eadar dà nàmhaid – deamhan air bhoil agus deamhan brosgalach. A bheil mi air m’ ath-nuadhachadh no a bheil mi nam pheacach gun dòchas? Nam neach-aideachaidh a rèir an lagha no nam chreidmheach air an tàinig atharrachadh nan gràs? Air uairean, tha e air a thoirt a-steach orm nach robh de dh’ àmhgharan riamh air creidmheach mar a tha iad ormsa a-nis nam sheann aois. Faodaidh mi a ràdh, còmhla ri buidealair Phàraoh, gur h-ann a-nis a tha mi a’ cuimhneachadh air amaideachd m’ òige, maille ri caoile mo sheann aideachaidh a tha cho lom is seargte. Na mo chiad lathaichean chaidh mo thoirt gu Damascas, a dh’ionnsaigh taigh an smachdachaidh, airson peacadh-gnìomh agus amaideachd lathaichean aotroma m’ òige. Tha mi a-nis air tighinn chun na h-Eadailt, chun na sgoile duibhe, a dh’ionnsachadh doimhneachd innleachdan-buairidh Shàtain an dèidh meas òir toirmisgte Eden, agus mar a thigeadh cridhe an t-seann Adhaimh da rèir. Anns an sgoil seo tha mi air m’ ionnsachadh le fèin-fhiosrachadh a tha piantach is bàsmhor a thaobh mealladh Shàtain mar nathair cham agus deamhan feargach, ‘s e a’ cur feum air a chuid

bros-gail is seòltachd a chum gun tàirneadh e an t-uisge naomh gu lèir a dh'ionnsaigh a mhuilinn fhèin. Leugh Salm 83.

Tha mi air tuillidh 's a' chòir a ràdh. Gabh a' pheighinn a chaidh a thoirt dhut ann an aodach cubhaidh. Thoir an aire gun robh slat-smachdachaidh Dhaibhidh na bu truime na bh' agad no na bh' agamsa; oir bha ar luchd-dàimh den ghnè a thug dhuinn mòran cofhurtachd nam beatha, agus tha mòran dòchais air a bhith againn nam bàs. O, gum biodh an spiorad air a bhuileachadh oirnn 's gum biomaid a' gabhail ris na tha an dàn dhuinn anns an fhreastal! Iadsan aig a bheil dùil ri crùn na buaidhe aig àm am bàis, feumaidh iad an crann-cheusaidh a ghiùlan air an guailnean agus gabhail ris mar a rinn Sìmon o Chirène. Mìlsichidh Ìosa na cruinn-cheusaidh uabhasach a tha nan àmhghar do A chuid fhèin, agus dhaibhsan a tha nan cloinn shàraichte; agus nì Crìosd riochdairean an diabhail nan clacharain-choise a dh'ionnsaigh taigh an fhìona. Abair rid chèile ghràdhaich agus ris a' chòrr den teaghlach gu bheil mise 's mo bhean gam faighneachd; abair rithe gun dùin Crìosd am briseadh a rinn E le bàs. Dèan ùrnaigh airson na th' air am fàgail am measg nam beò ann an Ierusalem.

Is mise do charaid,

A. Gair.

Dùn Beithe,

24 Faoilleach 1840